

**BÒRD NA GÀIDHLIG****Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh****Diardaoin 23/06/2022 09.30-15.00****Air-loidhne tro MS Teams****Board Meeting Minutes****Thursday 23/06/2022 09.30-15.00****Online via MS Teams****1.0 TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE****Buill an làthair**

Màiri T NicAonghais (MTNA) (Cathraiche)  
 Stewart MacLeòid (SML)  
 Dòmhnall MacAoidh (DMA)  
 Nicola NicThòmais (NNT)  
 Seonaidh Charity (SC)  
 Jennifer Gilmour (JG)

**An làthair**

Shona NicIllinnein, Ceannard/Oifigear Cunntachail (SNI)  
 Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra (NP)  
 Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim Gàidhlig (SW)  
 Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)  
 Christie NicIlleathain, Manaidsear Phlanaidh (CNI) – *Puing 5.2*  
 Louise NicIlleathain, Manaidsear Gnìomhan (LNI) – *Puing 7*  
 Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND)  
 Niall Bartlett, Riaghaltas na h-Alba (NB) – *Seisean Fosgailte*  
 Stephen Connolly, D C Research (SC) – *Puing 2*  
 Michael Danson, D C Research (MD) – *Puing 2*  
 Douglas Chalmers, D C Research (MD) – *Puing 2*  
 Eilidh Danson, D C Research (MD) – *Puing 2*

**Leisgeulan**

Cha robh leisgeulan ann.

**A' nochdadh chom-pàirtean**

MTNA - Ceòlas  
 SC – SQA, Foghlam Alba, Comhairle na Gàidhealtachd  
 NNT – Comunn na Gàidhlig, NHS na Gàidhealtachd,  
 Sabhal Mòr Ostaig  
 JG – Riaghaltas na h-Alba

**OPEN SESSION START****Members present:**

Mary T MacInnes (MTMI) [Chair]  
 Stewart MacLeod (StML)  
 Donald MacKay (DMK)  
 Nicola Thomson (NT)  
 Seonaidh Charity (SC)  
 Jennifer Gilmour (JG)

**In attendance:**

Shona MacLennan, Ceannard/Accountable Officer (SML)  
 Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs (NP)  
 Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW)  
 Iain MacMillan, Development Director (IMM)  
 Christie MacLean, Planning Manager (CML) – *Point 5.2*  
 Louise MacLean, Operations Manager (LML) – *Point 7*  
 Orla MacDonald, Recording Minute (OMD)  
 Niall Bartlett, Scottish Government (NB) – *Open Session*  
 Stephen Connolly, D C Research (SC) – *Point 2*  
 Michael Danson, D C Research (MD) – *Point 2*  
 Douglas Chalmers, D C Research (MD) – *Point 2*  
 Eilidh Danson, D C Research (MD) – *Point 2*

**Apologies**

There were no apologies.

**Declarations of interest**

MTMI - Ceòlas  
 SC – SQA, Education Scotland, Highland Council  
 NT – Comunn na Gàidhlig, NHS Highland, Sabhal Mòr Ostaig  
 JG – Scottish Government

**2.0 AONTAIDHEAN MAOINEACHAIDH****2.1 Lèirmheas air na Cùmhnantan Iomadh Bliadhna**

Chur an Cathraiche fàilte air D C Research dhan choinneimh.

Thug D C Research seachad geàrr-chunntas air na h-amasan agus an dòigh-obrach aca. Bha seo airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air na h-ullachaidhean maoineachaidh le prìomh bhuidhnean libhrigidh. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na h-ullachaidhean tairgse agus cùmhnantan 3-bliadhna a tha ann an-dràsta agus chaidh aithris a dhèanamh air fios air ais bho na com-pàirtichean. Bha a' mhòr chuid de seo

**FUNDING AGREEMENTS****Review of Multi-year Contracts**

The Chair welcomed D C Research to the meeting.

D C Research gave an overview of the aims and approach to the research. This was to undertake a review of Bòrd na Gàidhlig's multi-year funding arrangement with key delivery partner Gaelic bodies. A review was carried out in the current 3-year tendering and contracting arrangements and the feedback from partners was reported on. This was overall very positive, with some concerns noted by partners.

fior mhath, ach chaidh beagan duilgheadasan a thogail le com-pàirtichean.

Chomharraich D C Research buannachdan nan cùmhnantan iomadh-bhliadhna do chom-pàirtichean, nam measg bha: cinnt, planadh air adhart, obair com-pàirteachais, planadh ro-innleachdail, trusadh is gleidheadh, a' cur ri cothroman eile air maoinachadh, libhrigeadh nas fheàrr agus barrachd èifeachdais. Chaidh buannachdan do Bhòrd na Gàidhlig a chomharrachadh cuideachd, a' gabhail a-steach cinnt, dàimhean misneachail, a' cur ri prìomhachasan BnG, co-thaobhadh nas fheàrr, èifeachdas, cumhachdachadh agus soilleireachd. Thugadh comhairle gum b' urrainn do Bhòrd na Gàidhlig barrachd a dhèanamh gus buaidh nan cùmhnantan iomadh-bliadhna a cur am follais.

Thug D C Research seachad iomradh air sgrùdadh agus measadh aontaidhean maoinachaidh iomadh-bliadhna agus fios air ais bho chom-pàirtichean. Shaoil com-pàirtichean gun robh am pròiseas seo iomchaidh agus èifeachdach, agus chaidh cuid de na buannachdan aig maoinachadh a leanas barrachd air aon bhliadhna a chomharrachadh. Chaidh cuid de dhuilgheadasan a chomharrachadh leithid aithris le ùghdarrasan ionadail, agus iomchaidheachd cuid de cheistean airson buidhnean sònraichte.

Thàinig beachdan nas fharsaing a-mach às an sgrùdadh gun robh moladh bho cha mhòr a h-uile duine airson maoinachaidh iomadh-bliadhna. Thug D C Research seachad beagan adhbharan airson seo, agus thog iad air dòighean a b' urrainn dha na h-aontaidhean maoinachaidh a bhith na b' fheàrr buileach, a' gabhail a-steach aontaidhean còig-bliadhna a bheireadh buannachadh a bharrachd do chom-pàirtichean agus do Bhòrd na Gàidhlig.

Thug an Cathraiche taing do D C Research airson na h-obrach aca a tha air leth luachmhor do Bhòrd na Gàidhlig. Thug IMM fa-near gu bheil Bhòrd na Gàidhlig mar-thà a' faicinn buannachdan na h-obrach seo agus gu bheil cothrom ann an obair seo fhisge a-steach do rudeigin a tha cruth-atharrachail airson obrachadh agus comharrachadh nam prìomh chom-pàirtichean libhrigidh.

D C Research identified the benefits of the multi-year contracts for partners. These included: certainty, forward planning, partnership working, strategic planning, recruitment and retention, funding leverage, greater delivery, and increased efficiency. Benefits for Bòrd na Gàidhlig were also identified, including certainty, confident relationships, contribution to BnG's priorities, better alignment, efficiency, empowerment, and clarity. It was advised that Bòrd na Gàidhlig could do more to show and publicise the impact of the multi-year contracts.

D C Research gave an overview of the monitoring and evaluation of multi-year funding agreements and the feedback from partners. Partners found this process appropriate and efficient, and some benefits over single-year funding were identified. There were some issues identified such as reporting by local authorities, and the relevance of some questions for certain organisations.

Some wider considerations which emerged from the review were that there was almost universal praise for the multi-year funding agreements. D C Research gave some reasons for this, and identified ways in which future funding agreements could enhance this process further, including the potential introduction of five-year agreements which would provide additional benefits to partners and Bòrd na Gàidhlig.

The Chair thanked D C Research for the work which is very valuable to Bòrd na Gàidhlig. IMM noted that Bòrd na Gàidhlig are already seeing the benefits from this work and that there is an opportunity for this work to build into something which is transformational for the operation and definition of key delivery partners.

### 3.0 IONMHAS

#### 3.1 Aithisg Ionmhais

Thug NP geàrr-chunntas seachad air an aithisg ionmhas a bha a' sealltainn gun robh fo-chaiteachas beag mu choinneamh a' bhuidseit iomlan aig deireadh na bliadhna. Thachair am fo-chaiteachas seo sa mhòr-chuid ann an tuarastalan, leis gun deach £200,000 a bharrachd fhaighinn airson dreuchdan geàrr-ùine a bharrachd nach deach uile a lìonadh. Le cead bhon Riaghaltas, chaidh fo-chaiteachas de £150,000 a thoirt

### FINANCE

#### Finance Report

NP gave an overview of the finance report which showed that there was a small underspend against the total budget at the year end. This underspend occurred mainly in salaries, as an additional £200,000 had been received for additional short-term posts which were not all filled. With permission from SG, the underspend of £150,000 was carried forward to the following year and vired to development costs.

air adhart chun na h-ath bhliadhna agus a ghluasad gu cosgaisean leasachaidh.

Sheall an aithris airson na bliadhna 2022/23 mar a bha cùisean air 30mh Ògmhios 2022 gun robh caitheamh ann an suidheachadh nas fheàrr na bha e aig an àm seo ann am bliadhnaichean eile.

Dh'iarr Buill barrachd fiosrachaidh mun mhaoineachadh bho Chomann nam Pàrant agus dhearbhadh an Ceannard gum bi Comunn nam Pàrant a' faighinn a' mhaoineachaidh seo gach bliadhna agus gum bi Bòrd na Gàidhlig ga sgaoileadh às an leth.

Dh'fhaighnich Buill mun slaodachadh ann an cosgaisean leasachaidh agus ma tha iad air leasan ionnsachadh bho seo. Mhìnich NP barrachd mun phròiseas agus mun obair a tha luchd-obrach a' dèanamh air seo. Dh'fhaodadh gun toir co-thaobhadh nas dlùithe a' bhuidseit buaidh air a' phròiseas ach tha e coltach gum bi barrachd obair fhathast ann aig deireadh na bliadhna. Thuirt i gu bheil an Sgioba Maoineachaidh cuideachd a' toirt a-steach teicneòlas ùr airson am pròiseas a leasachadh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near dhan Aithisg Ionmhas.

Reporting on the year 2022/23, the report at 30th June 2022, showed that spend was much better aligned with budget than at this time in previous years.

Members asked for more information about the funding from Comann nam Pàrant and the Ceannard confirmed that this funding is received annually by Comunn nam Pàrant and Bòrd na Gàidhlig distribute this on their behalf.

Members asked about the lag in the development spend and if there have been any lessons learned. NP explained the process further and the work done by staff on this. The closer alignment of the budget may have an impact on this process but that it is likely that there will still be additional work at the year-end each year. She advised that the Grants' Team is also bringing in new technology to further develop the process.

Decision:

Members noted the Finance Report.

4.0

**STIÙIREADH REACHDAIL AIRSON FOGHLAM GÀIDHLIG**

**STATUTORY GUIDANCE ON GAELIC EDUCATION**

4.1

**Ùrachadh air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig**

**Update on Statutory Guidance on Gaelic Education**

Thòisich an obair seo sa Mhàrt 2021. Thug SW iomradh air an adhartas a tha air tachairt thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad.

This work began in March 2021. JW gave an overview of the progress over the last year.

Chaidh a mholadh le Buill gum bu chòir clàr-ama airson seo aontachadh às dèidh do thoraidhean co-chomhairle a' Phlana Nàiseanta tighinn a-staigh.

Members recommended that the timetable for this should be approved after the results of the National Gaelic Language Plan consultation have been received.

Chaidh ceist a thogail mu na buidhnean-fòcais agus thug SW barrachd fios do na Buill mu dheidhinn.

A question was raised about the focus-groups and JW provided more information to Members about them.

Chaidh fhaighneachd a bheil cothrom ann barrachd susbaint a chur a-staigh dhan stiùireadh reachdail air bogadh do na h-àrd sgoiltean. Dhearbh SW gur dòcha gu bheil àite nas iomchaidh airson seo agus gu bheil Foghlam Alba mar phàirt den bhuidhinn-fòcais.

Members asked if there was an opportunity to add more content to the statutory guidance on immersion for secondary schools. JW confirmed that there may be a more appropriate place for this, and that Education Scotland is part of the focus group.

Chaidh fhaighneachd an deach iarraidh air tidsearan no ceannardan-sgoile na beachdan aca a thoirt do na buidhnean-obrach. Fhreagair SW gum bi cothroman a bharrachd ann gus na beachdan aig na daoine seo fhaighinn fhathast agus gur e deagh bheachd a tha seo.

Members asked whether teachers or headteachers had been asked to give their views to the working-groups. JW answered that there would be more opportunities to get the opinions of these people and that this is a good idea.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' mholadh gus an Stiùireadh ùrachadh ann am prionnsapal, ach chuir iad dail air co-dhùnadh air clàr-ama na h-obrach.

Decision:

Members approved the proposal to update the Guidance in principle but deferred a decision on the timetable for the work.

5.0 PLANA GNÌOMH IS COILEANADH	OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE
<p><b>5.1 Prìomh Chomharran Coileanaidh 21/22</b>  <b>Coileanadh a' Phlana Gnìomh 21/22</b>            Thug an Ceannard geàrr-chunntas seachad air a' Phlana Gnìomh agus na Prìomh Chomharran Coileanaidh airson 21/22. Bha i toilichte innse do Bhuill gun robh beagan a barrachd air 50 gnìomhan anns a' Phlana Gnìomh. Sa bhliadhna 21/22 chaidh 80% a choileanadh, 10% a thòiseachadh, agus cha deach 10% a libhrigeadh air sgàth atharraichean sa bhuidhinn no Covid-19. Chaidh na PCCan uile a choileanadh.</p> <p>Leig an Ceannard fios gum bi fios air mar a chaidh maoinachadh a sgaoileadh eadar diofar sgìrean comhairle san aithisg bhliadhnail.</p> <p>Dhearbh an Ceannard gu bheil na gnìomhan orains nan gnìomhan a chaidh a thòiseachadh agus nach deach coileanadh ro dheireadh na bliadhna, agus gu bheil liath a' sealltainn gun robh buaidh aig Covid-19 air a' phròiseact.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u>            Thug na Buill fa-near dhan phàipear.</p>	<p><b>KPIs 21/22</b>  <b>Delivery of Operational Plan 21/22</b>            The Ceannard gave an overview of the Operations Plan and KPIs for the year 21/22. She was pleased to inform members that there were just over 50 actions in the Operational Plan. During 21/22 80% were completed, 10% underway and 10% not delivered on due to Covid-19 or organisational changes. All KPIs were completed.</p> <p>The Ceannard informed members that information on the distribution of funding per local authority areas would be included in the annual report.</p> <p>The Ceannard confirmed that the actions marked in orange were started but were not completed by the year end, and grey showed that the project had been impacted by Covid-19.</p> <p><u>Decision:</u>            Members noted the paper.</p>
<p><b>5.2 Aithisg air Planaichean Gàidhlig</b>            Thug an Cathraiche fàilte air CNI dhan chiad choinneimh aice san dreuchd ùr aice mar Mhanaidsear Phlanaidh.</p> <p>Thug CNI geàrr-chunntas seachad air a' phàipear. 'S e na prìomh puingean gu bheil àrdachadh air a bhith ann aig ìre nàiseanta le conaltradh bhon phoball, fiosan naidheachd agus an àireamh de luchd-obrach le Gàidhlig aig buidhnean agus cho cudromach 's a tha e gu bheil oifigear le Gàidhlig aig buidhnean. Bha Covid-19 air buaidh a thoirt air adhartas phlanaichean, ach tha cuideachd cothroman air a bhith ann le teicneòlas ùr.</p> <p>Thog Buill gu bheil e a' còrdadh riutha na pàipearan seo fhaicinn gus buaidh na h-obrach fhaicinn. Thogar cuideachd cho cudromach 's a tha e gu bheil gu leòr luchd-obrach ann airson an obair a choileanadh.</p> <p><u>Co-dhùnadh:</u>            Thug Buill fa-near dhan aithisg.</p>	<p><b>Gaelic Language Plans Report</b>            The Chair welcomed CML to her first meeting in her new role as Planning Manager.</p> <p>CML gave an overview of the paper. Main points were that there has been an increase nationally with public communications, press releases and the number of organisations with Gaelic speaking staff, and the importance of an organisation having a Gaelic speaking officer. Covid-19 had an impact on progress of plans, but there have also been opportunities with new technology.</p> <p>Members commented that they enjoyed seeing these papers to see the impact of the work being done. They also raised how important it is that there are enough staff for work to be completed.</p> <p><u>Decision:</u>            Members noted the report.</p>
6.0 RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN	RISK MANAGEMENT
<p><b>6.1 Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail</b>            Tha ùrachadh air a bhith ann san dòigh a thèid an clàr a thaisbeanadh. Tha e fhathast air ullachadh san aon dòigh le beachdachadh a thaobh buaidh agus coltachd cunnairt ach chan eil e a' sealltainn ach an ìre cunnart</p>	<p><b>Strategic Risk Register</b>            There has been an update in the way that the register is presented. It is still prepared in the same way with consideration across impact and probability of risk but only shows the total risk rating to allow greater</p>

iomlan gus barrachd fòcas a thoirt. Mhìnich NP atharraichean eile san aithris agus mar a tha i air a taisbeanadh.

focus. NP explained some other changes to the reporting and how it is presented.

Chan eil ach aon atharrachadh ann an ìre cunnairt, airson cunnart 1.1.

There has only been one change in risk rating for risk 1.1.

Leanadh sinn ag obair air cruth na h-aithrise seo le taic bhon Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd.

The form of this report will continue to be worked on with the assistance of the Audit and Assurance Committee.

Bha còmhraidh ann mu na cothroman a dh'fhaodadh èirigh bhon chunnart 1.1.

There was a conversation around the opportunities which could arise from risk 1.1.

Chaidh ceist a thogail mun chunnart mu tharbhachd luchd-obrach agus am bu chòir seo ùrachadh às dèidh deireadh nan glasaidhean-sluaigh. Dhearbh NP gun deach bruidhinn air cunnartan mu Chovid-19 agus gun tèid an ùrachadh.

A question was raised around the risk around staff productivity and whether this should be updated following the end of lockdowns. NP confirmed that Covid-19 specific risks have been discussed and this will be updated.

Dh'iarr Buill meatrags air ciamar a thèid cunnartan a sheòrsachadh. Dhearbh i gun tèid seo a chur ris airson na h-ath choinneimh.

Members would like a matrix to explain how risks are classified. NP confirmed that this will be added for the next meeting.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail.

#### Decision:

Members approved the Risk Register.

#### Gnìomh:

NP gus am meatrags cunnairt a chur dhan chlàr.

#### Action:

NP to add the risk matrix to the register.

## 7.0 CÙISEAN CORPORA

## CORPORATE MATTERS

### 7.1 Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd

Thug LNI geàrr-chunntas seachad air a' phàipear. Chan eil tubaistean air a bhith ann aig ìre aithriseach, no neo-aithriseach air a bhliadhna a dh'fhalbh.

### Health & Safety Report

LML gave an overview of the paper. There were no accidents at a reportable level, or non-reportable, over the past year.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a tha slàinte is sàbhailteachd an sgioba, agus thug LNI barrachd fios air seo.

Members asked about how health and safety is within the organisation and LML gave additional information on this.

Bha còmhraidh ann ciamar a tha slàinte is sàbhailteachd ga lìbhrigeadh anns na diofar àiteachan-obrach. Chaidh fhaighneachd a bheil ro-innleachd fad-ùine ann airson obair, agus ciamar a bhios seo a' coimhead sna bliadhnaichean ri thighinn. Thug LNI fios gu bheil ag obair air pileat obair 'hybrid' an-dràsta airson bliadhna, agus gun toir seo barrachd fianais dhuinn.

There was a conversation around how health and safety is delivered in the different workplaces. Members asked if there is a long-term strategy for work, and how this will look in the coming years. LML told them that there is a hybrid working pilot ongoing for a year and this will provide more evidence.

#### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near dhan aithisg.

#### Decision:

Members noted the report.

### 7.2 Gnàth Riaghailtean

Thug an Ceannard fios air carson a chaidh na gnàth riaghailtean ùrachadh agus dè na h-atharraichean a rinneadh.

### Standing Orders

The Ceannard explained why the standing orders had been updated and what changes were made.

Members raised concerns regarding the point about simultaneous translation of meetings. The Ceannard

Thogadh Buill ceist mu eadar-theangachadh mar aon aig coinneamhan. Dh'aontaich an Ceannard na faclan atharrachadh gu 'dèan oidhirp reusanta.'

Chaidh ceist a thogail mu bhòtadh dìomhair, agus thug an Ceannard fios a bharrachd air mar a bhiodh seo ag obair, mar eisimpleir dòighean didseatach, mar eisimpleir Jisc Surveys.

Aig puing 23, bu chòir 'agus' a chur a-staigh dhan t-seantans.

Co-dhùnadh:

Nì oifigearan na h-atharraichean a chaidh a thogail agus thèid seo a chuartachadh do Bhuill tro phost-d airson aonta.

Gnìomh:

Gnàth Riaghailtean ri ath-sgrùdadh agus ùrachadh agus ri sgaoileadh do Bhuill airson aonta

**7.3 Bun-riaghailtean nan Comataidhean**

Tha Buill airson 's gum bi cunbhalachd eadar mar a tha na h-atharraichean air an taisbeanadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Bun-riaghailtean.

**7.4 Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh**

Thug an Ceannard fios gu bheil fiosrachadh sa phàipear aghaidh air na h-atharraichean a chaidh a dhèanamh. Thug i fios air an h-atharraichean seo agus air na h-adhbharan air an son.

Bha còir aig aithisgean mun oifigear inbhean, fosgailteachd; agus measadh air modhan-obrach choinneamhan a bhith air tighinn dhan choinneimh seo ach, air sgàth obair air a' Phlana Nàiseanta, cha robh ùine ann agus mhol an Ceannard gun tèid an cuairteachadh tro phost-d.

Thogadh Buill gun robh iomradh air coinneamhan coimhearsnachdan sna gnàth riaghailtean, agus am bu chòir dha seo a bhith ainmichte sa phlana obrach. Mhol an Ceannard gum biodh e iomchaidh seo a bhith sa phlana nan robh e an cruth choinneamh fhoirmeil aig a' Bhòrd-stiùiridh. Chaidh a mholadh gum bu chòir seo tighinn fon ghnìomh 'prògram coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh'.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana-obrach.

**7.5 Plana Trèanaidh**

Thug LNI iomradh air a' phlana trèanaidh agus dè na prìomhachasan a th' aig a' bhuidhinn airson na bliadhna ri tighinn.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near dhan phlana.

agreed to change the wording to 'make reasonable effort.'

A question was raised about secret voting, and the Ceannard gave more information on how this would work, such as digital solutions, for example Jisc surveys.

At point 23, 'and' should be added into the sentence.

Decision:

Officers will make the changes raised and will circulate this to Members via email for approval.

Action:

Standing Orders to be reviewed and updated and circulated to Board Members for approval.

**Committee Terms of Reference**

Members want to ensure that there is consistency in how changes are shown.

Decision:

Members approved the Terms of Reference.

**Board Workplan**

The Ceannard advised Members that there is information in the cover paper on the changes that have been made. She provided more information on these changes and the reasons they were made.

Reports on the standards officer, openness and evaluation of meeting procedures should have been presented at this meeting but due to work on the National Plan, there was not enough time and the Ceannard recommended that these be circulated via email.

Members raised that community meetings were mentioned in the standing orders and whether this should be stated on the work plan. The Ceannard suggested that it would be appropriate to include this in the plan if it took the form of a formal Board meeting. It was suggested that this should come under the point 'Board meeting schedule'

Decision:

Members approved the Workplan.

**Training Plan**

LML gave an overview of the training plan and the priorities for the coming year are.

Decision:

Members noted the plan.



**7.6 Aithisgean Bhliadhnail nan Comataidhean**  
Mhol Buill cho soilleir 's a bha na h-aithisgean.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Aithisgean Bliadhnail nan Comataidhean.

**Committee Annual Reports**

Members commended how clear the information in the reports is.

Decision:

Members approved the Committee Annual Reports.

**8.0 PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2023-28****NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN 2023-28****8.1 Plana Nàiseanta na Gàidhlig**

Tha a' cho-chomhairle phoblach fo sheòl agus tha coinneamhan poblach air a bhith a' tachairt. Tha Astar Media air a bhith a' libhrigeadh nan coinneamhan agus tha oifigearan Bhòrd na Gàidhlig a' dèanamh taisbeanadh agus tha seo air a bhith gu math soirbheachail. Tha na coinneamhan air a bhith brosnachail agus aig an ìre seo tha 25 air an suirbhidh a lionadh agus barrachd air 300 air tòiseachadh air.

**National Gaelic Language Plan 2023-28**

The public consultation is underway and public meetings have been taking place. Astar Media have been delivering the meetings, with Bòrd na Gàidhlig officers giving a presentation which has been a great success. The meetings have been very encouraging and so far 25 have completed the survey and over 300 have started it.

Tha barrachd choinneamhan gu bhith ann fhathast agus thug an Ceannard fios air na coinneamhan seo. Tha e air a bhith inntinneach beachdan dhaoine a chluinntinn, gu h-àraidh a thaobh foghlam. Tha e follaiseach gu bheil daoine airson leasachadh na Gàidhlig fhaicinn. Chaidh foghlam Gàidhlig agus mar as urrainn do dhaoine òga Gàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh na sgoile a thogail aig grunn choinneamhan.

There are still more meetings to be held and the Ceannard gave some information on these. It has been interesting to hear the views of the public, especially on education. It is clear that people want to see Gaelic develop. It was raised at a number of meetings about Gaelic education and how young people can use Gaelic outside of school.

Thug an Ceannard taing do na daoine a bha an làthair aig na coinneamhan.

The Ceannard thanked all those who had attended the meetings.

Mhol Buill an Ceannard airson mar a libhrig i na coinneamhan.

Members commended the Ceannard on how she has delivered the meetings

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near dhan fhiosrachadh san aithris.

Decision:

Members noted the information in the report.

**9.0 GISBE****AOCB**

Cha robh gin ann.

None.

**SEISEAN DÙINTE****CLOSED SESSION****10.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH IS GEÀRR-CHUNNTASAN****OPENING ITEMS & MINUTES**Buill an làthair

Màiri T NicAonghais (MTNA) (Cathraiche)  
Stewart MacLeòid (SML)  
Dòmhnall MacAoidh (DMA)  
Nicola NicThòmais (NNT)  
Seonaidh Charity (SC)  
Jennifer Gilmour (JG)

Members present:

Mary T MacInnes (MTMI) [Chair]  
Stewart MacLeod (StML)  
Donald MacKay (DMK)  
Nicola Thomson (NT)  
Seonaidh Charity (SC)  
Jennifer Gilmour (JG)

An làthair

Shona NicIllinnein, Ceannard/Oifigear Cunntachail (SNI)  
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra (NP)  
Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim Gàidhlig (SW)

In attendance:

Shona MacLennan, Ceannard/Accountable Officer (SML)  
Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs (NP)  
Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW)

<p>Iain Mac a' Mhaoilean, Stiùiriche Leasachaidh (IMM) Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (OND) Stephen Connolly, D C Research (SC) – <i>Puing 12.2</i> Michael Danson, D C Research (MD) – <i>Puing 12.2</i> Douglas Chalmers, D C Research (MD) – <i>Puing 12.2</i> Eilidh Danson, D C Research (MD) – <i>Puing 12.2</i> Lucy Dean, ScotCen (LD) – <i>Puing 16</i> Fiona O Hanon, ScotCen (FOH) – <i>Puing 16</i></p>	<p>Iain MacMillan, Development Director (IMM) Orla MacDonald, Recording Minute (OMD) Stephen Connolly, D C Research (SC) – <i>Point 12.2</i> Michael Danson, D C Research (MD) – <i>Point 12.2</i> Douglas Chalmers, D C Research (MD) – <i>Point 12.2</i> Eilidh Danson, D C Research (MD) – <i>Point 12.2</i> Lucy Dean, ScotCen (LD) – <i>Point 16</i> Fiona O Hanon, ScotCen (FOH) – <i>Point 16</i></p>
<p><b>10.1 Fàilte bhon Chathraiche</b> Chur an Cathraiche fàilte air a h-uile duine dhan t-seisean dùinte den choinneimh.</p>	<p><b>Chair's Welcome</b> The Chair welcomed everyone to the closed session of the meeting.</p>
<p><b>10.2 Leisgeulan</b> Cha robh leisgeulan ann.</p>	<p><b>Apologies</b> There were no apologies.</p>
<p><b>10.3 A' nochdadh chom-pàirtean</b> MTNA - Ceòlas SC – SQA, Foghlam Alba, Comhairle na Gàidhealtachd NNT – Comunn na Gàidhlig, NHS na Gàidhealtachd, Sabhal Mòr Ostaig JG – Riaghaltas na h-Alba</p>	<p><b>Declarations of interest</b> MTMI - Ceòlas SC – SQA, Education Scotland, Highland Council NNT – Comunn na Gàidhlig, NHS Highland, Sabhal Mòr Ostaig JG – Scottish Government</p>
<p><b>10.4 Geàrr-chunntas na coinneamh mu dheireadh</b> Thug Buill fa-near dhan gheàrr-chunntas. Ainm aig JG ri dhol air a' chlàr làthaireachd.</p>	<p><b>Minutes of the previous meeting</b> Members noted the minutes. JG to be added to attendance list.</p>
<p><b>10.5 Puingean Gnìomh</b> Thug Buill fa-near do na puingean gnìomh. Bu chòir na puingean bhon chlàr-gnothaich a bhith air a' chlàr airson 's gum bi fios aig Buill cò às a thàinig iad.</p> <p><u>Gnìomh:</u> Sgioba rianachd gus barrachd fiosrachaidh a chur ann an clàr nam puingean gnìomh.</p>	<p><b>Points of action</b> Members noted the points of action. The points from the agenda should be included in the table so that members can identify where it came from.</p> <p><u>Action:</u> Administration to include greater detail in action points table.</p>
<p><b>10.6 Cùisean a thog ceann bho na coinneamhan sin nach eil fo phuig eile air a' chlàr-gnothaich</b> Cha robh gin ann.</p>	<p><b>Matters arising from those meetings which are not covered elsewhere on the agenda</b> There were none.</p>
<p><b>10.7 Co-dhùnaidhean Eadar Coinneamhan – ri chlàradh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>– Èifeachdas a' Bhùird-stiùiridh</li> <li>– Còd-giùlain</li> <li>– Buidseat Sgeama nan Oifigearan</li> </ul>	<p><b>Decisions Between Meetings – for noting</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>– Board Effectiveness Review</li> <li>– Code of Conduct</li> <li>– Budget for Officers' Scheme</li> </ul>
<p><b>10.8 Clàradh chuspairean a tha rin togail fo GISBE</b> Cha robh gin ann.</p>	<p><b>Recording of topics to be covered under AOCB</b> None.</p>
<p><b>11.0 GEÀRR-CHUNNTASAN NAN COMATAIDHEAN</b></p>	<p><b>MINUTES FROM THE COMMITTEES</b></p>
<p><b>11.1 Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd (Dreachd) PT1</b> Thug Buill fa-near dhan geàrr-chunntas.</p>	<p><b>Audit &amp; Assurance Committee (Draft)</b> Members noted the minutes.</p>
<p><b>PT2 Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (Dreachd)</b> Thug Buill fa-near dhan geàrr-chunntas.</p>	<p><b>Policy &amp; Resources Committee (Draft)</b> Members noted the minutes.</p>
<p><b>12.0 IONMHAS</b></p>	<p><b>FINANCE</b></p>
<p><b>12.1 Plana Ionmhais Meadhan-ùine</b> Thug IMM geàrr-chunntas seachad air a' Plana Ionmhais Meadhan-ùine. Chaidh obair shusbainteach a dhèanamh anns na beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad gus am plana seo a chur ri chèile, a</p>	<p><b>Medium-Term Financial Plan</b> IMM gave an overview of the Medium-Term Financial Plan. Significant work has been undertaken in the last few years to build up this plan, in addition to collating other information which will have an impact on the</p>



bharrachd air a bhith a' toirt còmhla fiosrachadh eile a bheir buaidh air a' phlana. Thug IMM geàrr-chunntas seachad air buidseat Bhòrd na Gàidhlig agus dè b' urrainn seo ciallachadh airson na buidhne ma gheibh iad an aon ìre de mhaoineachadh ris a' bliadhna seo. Thug e cùl-fhiosrachadh seachad cuideachd air na pròiseasan tron tèid am plana.

Chuir e an cèill nach eil am plana air atharrachadh mòran bhon turas mu dheireadh a chaidh a thaisbeanadh dhan Bhòrd-stiùiridh, ach gu bheil e anis ag amas air buidseat a stèidheachadh air gnìomhachd chorporra aig an ìre cheart do Bhòrd na Gàidhlig. Chaidh cothrom a ghabhail cuideachd gus sùil a thoirt air cothroman agus prìomhachasan riaghaltais nach eil gan lìbhrigeadh an-dràsta.

Tha e gu sònraichte cudromach agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig ùr a' tighinn a-mach, gum bi Bòrd na Gàidhlig practaigeach a thaobh na ghabhas a choileanadh taobh a-staigh nan goireasan a tha aca. Tha am plana a' mìneachadh mhiannan airson an àm ri teachd, a toirt a-staigh dè ghabhas coileanadh leis na prìomh chom-pàirteachasan lìbhrigidh mar thoradh air aontaidhean maoinachaidh iomadh bliadhna. Tha an gluasad gu bhith a' co-òrdanachadh planadh ann am blocaichean còig bliadhna, a' toirt cothrom dhan bhuidhinn a bhith comasach air toraidhean a thomhas agus àireamhachadh nas fheàrr.

Chaidh ceist a thogail mu mhaoineachadh a bharrachd air a bheil iomradh san aithisg, dhearbhadh IMM gun tèid seo atharrachadh gus maoinachadh na bliadhna-sa a shealltainn mar bhunait airson an àm ri teachd.

Dh'fhaighnich Buill am faodadh na geallaidhean manifesto a thaobh Bòrd na Gàidhlig buaidh a thoirt air a' phlanadh seo. Dhaingnich IMM gum feumar feart a thoirt air seo ach thuirt e gu bheil e cudromach fòcas a chur air an obair a dh'fheumas a' bhuidheann a choileanadh, agus planadh a rèir nan amasan sin.

Thuirt Buill gum biodh e feumail a bhith faicinn dè dh'fhaodadh a' bhuidheann coileanadh nan tilleadh am maoinachadh chun na h-ìre tùsail aige. Chaidh aontachadh nach biodh seo iomchaidh airson a' phlana seo ach dh'fhaodadh gum biodh e iomchaidh nam biodh tagradh ann airson barrachd maoinachaidh.

Mhol Buill am Plana mar thaic airson planadh agus a bhith deiseil airson diofar shuidheachaidhean. Thug iad taing do na h-oifigearan a bha ag obair air a' phios obrach chudromach seo agus mhol iad obair oifigearan Bhòrd na Gàidhlig san fharsaingeachd.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich ball ris a' Phlana Ionmhais Meadhan-ùine.

plan. IMM gave an overview of the Bòrd na Gàidhlig budget and what this could mean for the organisation if the same amount of funding is received as the current year. He also gave a background on the processes that the plan will go through.

He advised that the plan had not changed significantly since the last time it was presented to the Board, except that it now aims to establish a budget for corporate activity at the right level for Bòrd na Gàidhlig. An opportunity has been taken to look at opportunities and government priorities which are not currently being delivered.

It is especially important with the new National Gaelic Plan coming into place that Bòrd na Gàidhlig is realistic about what it can achieve within the resources available. The plan sets out ambitions for the future including what can be achieved with the key delivery partners as a result of multi-year funding agreements. The move towards coordinating planning into five year blocks gives the organisation an opportunity to be able to better quantify and measure outcomes.

A question was raised around extra funding mentioned in the report. IMM confirmed that this will be amended to show this year's funding as a base for the future.

Members asked if the manifesto commitment for Bòrd na Gàidhlig could have an impact on this planning. IMM confirmed that this a consideration however it is important to focus on the work that the organisation must complete, and plan according to these aims.

Members raised that it would be useful to be able to see what would be possible for the organisation to achieve if the funding were to return to its original level. It was agreed that this would not be appropriate for this plan but it could be appropriate if there were a bid for more funding.

Members praised the MTFP as an aid for planning and being ready for different situations. They thanked the officers who worked on this important piece of work and praised the work of Bòrd na Gàidhlig officers in general.

#### Decision:

Member approved the Medium-Term Financial Plan.

*\*Dh'fhàg JG na coinneimh aig 13.19\***\*JG left the meeting at 13.19\**

Chaidh aontachadh gum bu chòir dhan Chathraiche bruidhinn ri Riaghaltas na h-Alba mun fheum agus mun cothrom air maoinachadh leantainneach aig ìre nas àirde agus na buannachdan a thigeadh an cois seo ann a bhith a' toirt air adhart a' phrògraim airson gealltanasan an Riaghaltais a thaobh na Gàidhlig.

Gnìomh:

Cuiridh an Cathraiche fios gu Riaghaltas na h-Alba gus a' chùis a thoirt air adhart.

It was agreed that the Chair should speak to Scottish Government about the need and opportunity for continued increased funding and the benefits that this will provide in taking forward the programme for Government commitments around Gaelic.

Action:

The Chair will contact The Scottish Government to take forward the business case

*\*Thill JG chun na coinneimh aig 13.25\***\*JG returned to the meeting at 13.25\****12.2 Lèirmheas air na Cùmhnantan Iomadh Bliadhna**

Chur D C Research fàilte air beachdan no ceistean sam bith mun taisbeanadh aca.

Thug Buill taing dhaibh airson an cuid obrach agus an taisbeanadh feumail. Dh'fhaighnich iad a bheil na h-aontaidhean trì-bliadhna ag àrdachadh chunnartan ionmhais do Bhòrd na Gàidhlig mura robh luchd-faighinn maoinachaidh a' libhrigeadh. Dh'fhaighnich IMM gum bi chòir dòigh-obrach a bhith ann gus an cunnart seo a mhaothachadh. Thug an Ceannard beagan a bharrachd fiosrachaidh do Bhuill mu na pròiseasan, cumhaichean maoinachaidh agus aithris a nì cinnteach gu bheil buidhnean a' coileanadh nan cumhachan aca agus dè thachradh mura rachadh an coileanadh.

Dh'fhaighnich Buill a bheil buidhnean sam bith an eisimeil airgead Bhòrd na Gàidhlig gu ìre ro mhòr. Dhearbh D C Research gun robh seo taobh a-muigh raon an rannsachadh aca ach gun robh iad mothachail gu bheil maoinachadh Bhòrd na Gàidhlig, airson cuid de bhuidhnean, mar chuibhreann susbainteach den mhaoineachadh aca. Thug an Ceannard barrachd co-theacsa seachad mu bhuidhnean a tha air am maoinachadh le Bòrd na Gàidhlig.

Bheachdaich D C Research air a' bhuidhean a bhiodh aig na cùmhnantan maoinachaidh trì bliadhna agus na buannachdan a dh'fhaodadh seo a chruthachadh taobh a-staigh fastadh agus glèidheadh luchd-obrach.

Thug IMM fiosrachadh seachad air ciamar a chleachdas a' bhuidheann an rannsachadh seo. Dhearbh e gun lean iad air adhart leis an aithis seo le D C Research a dh'aithghearr agus gun cuir iad plana an sàs airson tòiseachadh air a' phròiseas gus na h-ath cùmhnantan trì-bliadhna a cur air bhog.

Dh'fhaighnich Buill am bi cothrom ann beachdan bhon rannsachadh seo a chur ris a' Phlana Iomhais Meadhan-ùine. Dh'fhaighnich iad cuideachd am bi àite a bharrachd ann airson taic-airgid do bhuidhnean nach eil stèidhichte gu leòr gus taic-airgid trì-bliadhna fhaighinn.

**Review of Multi-year Contracts**

D C Research welcomed any comments or questions on their presentation.

Members thanked them for their work and the useful presentation. They asked if the three-year agreements increased financial risks to Bòrd na Gàidhlig if funding recipients were not delivering. IMM confirmed that there should be a mechanism in place to mitigate this risk. The Ceannard provided Members with some more information on the processes, conditions of funding and reporting which ensure that organisations are fulfilling their conditions and what would happen if these were not fulfilled.

Members asked whether any organisations are too reliant on the funding of Bòrd na Gàidhlig. D C Research confirmed that this was outwith the scope of their research but that they are aware that, for some organisations, Bòrd na Gàidhlig funding is a notable proportion of their funding. The Ceannard gave more context around organisations who are funded by Bòrd na Gàidhlig.

D C Research discussed the impact of the three-year funding agreements and the benefits that this can create within recruitment and retainment.

IMM provided information on how the organisation will now use this research. He confirmed that they will follow up on this report with D C Research shortly and put a plan in place to start the process for the next round of multi-year funding agreements.

Members asked if there will be an opportunity to add in considerations from this research into the Medium-term Financial Plan. They also asked whether there will be an additional place for funding for organisations who are not established enough for three-year funding.

Mhol Buill oifigearan Bhòrd na Gàidhlig agus an obair aca. Thug iad taing dhan Ceannard airson na h-obrach aice ann a bhith a' togail an sgioba thar nam bliadhnaichean.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near dhan phàipear.

Members praised the officers at Bòrd na Gàidhlig and commended their work. They thanked the Ceannard for her work in building this team over the years.

Decision:

Member noted the paper.

### 13.0 AITHISG A' CHATHRAICHE

Choinnich an Cathraiche le Rùnaire a' Chaibineit gus tòiseachadh air an argamaid a dhèanamh airson barrachd ghoireasan dhan Ghàidhlig. Bha na còmhraidhean seo fàbharach ach cha robh gealltanais sam bith ann. Bha an Cathraiche toilichte a bhith còmhla ri MG ALBA airson nan còmhraidhean seo.

Choinnich an Cathraiche cuideachd ri Ceann na Roinne, Gàidhlig is Albais bho Riaghaltas na h-Alba airson beachdachadh air geallaidhean manifesto agus Prògram an Riaghaltas, a' gabhail a-steach dè thachras le Bòrd na Gàidhlig. Tòisichidh iad co-chomhairleachadh air na puingeann seo anns na mìosan a tha romhainn.

Tha an Cathraiche cuideachd air a bhith an làthair aig coinneamhan poblach airson Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' cumail fios cunbhalach ris a' Ceannard.

### CHAIR'S REPORT

The Chair met with the Cabinet Secretary to start laying out the case for more resources for Gaelic. These were positive conversations but there were no guarantees made. The Chair was glad to be joined by MG ALBA for these conversations.

The Chair also met with the Head of Gaelic and Scots, Scottish Government to discuss manifesto commitments and Programme for Government, including what will happen with Bòrd na Gàidhlig. They will begin consultation on these points in the next few months.

The Chair has also been at public meetings for the National Gaelic Language Plan and keeping in regular contact with the Ceannard.

### 14.0 AITHISG A' CHEANNAIRD

### CEO REPORT

#### 14.1

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near dhan phàipear.

Decision:

Member noted the paper.

### 15.0 COVID-19

### COVID-19

#### 15.1 Covid-19

Thug an Ceannard seachad beachd nach robh a' phuing seo airidh air paipear fa-leth tuilleadh ach ma dh'fhàsas an suidheachadh nas miosa, gun rachadh an seo a thoirt air ais do choinneamhan a' Bhùird-stiùiridh.

#### Covid-19

The Ceannard expressed the view that this point no longer merited a separate paper but that if the situation deteriorated, the item would be re-introduced to board meetings.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near dhan phàipear.

Decision:

Member noted the paper.

### 16.0 SUIRBHIDH BARAIL A' PHOBALL

### SCOTTISH SOCIAL ATTITUDES SURVEY

#### 16.1 Beachdan a' Phobail air a' Ghàidhlig

#### Scottish Social Attitudes Survey 2021

Chur an Cathraiche fàilte air Lucy Dean agus Fiona O Hanlon dhan choinneimh.

The Chair welcomed Lucy Dean and Fiona O Hanlon to the meeting.

Thug Lucy Dean agus Fiona O Hanlon seachad cùl-fhiosrachadh air an Scottish Social Attitudes Survey (SSA). 'S e amas an SSA beachdan a' phobail a thuigsinn air cùisean a tha buntainneach do dh'Alba, agus mhaoinich Bòrd na Gàidhlig grunn cheistean ann an suirbhidh 2021 gus beachdan fhaighinn air cùisean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Thug iad iomradh cuideachd air a' phròiseas airson co-dhùnadh dè na ceistean mun Ghàidhlig a bhiodh air an gabhail a-steach. Ghabh seo a-steach iomradh air na ceistean

Lucy Dean and Fiona O Hanlon gave a background on the Scottish Social Attitudes Survey (SSA). The aim of the SSA is to understand public attitudes on issues which are relevant to Scotland, and Bòrd na Gàidhlig funded a range of questions in the 2021 survey to capture attitudes on issues relating to Gaelic. They also described the process for deciding which questions on Gaelic would be included. This included reference to the questions on Gaelic which had been asked in the 2012 SSA.

mun Ghàidhlig a chaidh fhaighneachd ann an SSA 2012.

Thug iad seachad fiosrachadh mu na dòighean airson an dàta seo a chruinneachadh. Tha an suirbhidh gu sònraichte air-loidhne, le cothrom a dhèanamh air a' fòn airson daoine nach b' urrainn freagairt air-loidhne. Chaidh cuideam a chur air an dàta gus am biodh e a' riochdachadh Alba.

Bha na cuspairean a leanas san t-suirbhidh: eòlas air a' Ghàidhlig; faicinn/cluinntinn na Gàidhlig; beachdan mun Ghàidhlig/labhairt; beachdan air ionnsachadh Gàidhlig; Gàidhlig agus dualchas cultarach; Gàidhlig ann am foghlam; caiteachas poblach agus Gàidhlig san àm ri teachd.

Bha grunn chaochladairean anailis ann a chaidh a glacadh san sgrùdadh. Chaidh faicinn/cluinntinn na Gàidhlig a thomhas fo shia roinnean.

Bha prìomh thoraidhean an t-suirbhidh mar a leanas:

Bha eòlas air a' Ghàidhlig air a dhol an àirde bho 2012 gu 2021. Tha seo a' nochdadh sealladh nas fàbharaiche dhan Ghàidhlig.

Bu toil le dà thrìan de dhaoine a bhith comasach air Gàidhlig a bhruidhinn na b' fheàrr. Cha robh atharraichean brìgheil gu staitistigeach anns an staitistig air eòlas na Gàidhlig thar ùine. Bha mu 19% de chlann air a bhith air aghaidh na Gàidhlig ann an 2021.

Ann an 2012, thuir 4 daoine a-mach à 10 nach robh iad air Gàidhlig fhaicinn air soidhnichean sràid, rathad no soidhnichean poblach. Chaidh seo sìos gu 2 dhaoine a-mach à 10 agus tha a h-uile coltas gur ann mar thoradh air obair Bhòrd na Gàidhlig a tha an t-àrdachadh seo ann am faicsinneachd na Gàidhlig agus gu bheil seo a' toirt buaidh air mothachadh mun Ghàidhlig agus deagh bheachdan air a' Ghàidhlig.

Cha robh atharrachadh thar ùine ann cho cofhurtail 's a tha daoine Gàidhlig labhairteach a chluinntinn agus cha robh atharrachadh thar ùine annam beachdan air soidhnichean rathaid dà-chànanach.

Tha 70% de dhaoine ag aontachadh gum biodh ionnsachadh na Gàidhlig a' toirt faireachdainn coileanadh dhaibh.

Dh'aontaich 14% de dhaoine gum biodh ionnsachadh na Gàidhlig gan cuideachadh ann a bhith a' faighinn obair.

Às dèidh Poileasaidh Cànan 1+2 ann an Alba a bhith air a chur air bhog ann an 2012, tha 37% de dhaoine a' faireachdainn gu bheil Gàidhlig air aon den dà chànan as cudromaiche.

They provided information on the methods for collecting this data. The survey was primarily online, with a telephone option for those who could not respond online. The data was weighted to be representative of Scotland.

The topics which were included in the survey were: knowledge of Gaelic; exposure to Gaelic; attitudes to Gaelic/speaking; views on learning Gaelic; Gaelic and cultural heritage; Gaelic in education; public spending and the future of Gaelic.

There were a number of analytical variables which were captured in the survey. Exposure to Gaelic was measured under six categories.

The key findings of the survey were as follows:

Knowledge of Gaelic had increased from 2012 to 2021. This indicates a more positive attitude to Gaelic.

Two-thirds of people would like to be able to speak Gaelic better. There were no statistically significant changes in exposure to Gaelic over time. Around 19% of children had been exposed to Gaelic in 2021.

In 2012, 4 in 10 people reported having no exposure of Gaelic use on road, street or other public signs. This had decreased to 2 in 10 people and this increase in visibility of Gaelic has likely resulted from the work of Bòrd na Gàidhlig and is having an impact on awareness of Gaelic and positive perceptions of Gaelic.

There was no change over time in relation to comfort hearing Gaelic spoken and no change over time in views of bilingual road signs.

70% of people agree that learning Gaelic would give someone a sense of achievement.

14% of people agree that learning Gaelic improves someone's chances of getting a job.

Following the launch of the 1+2 Language Policy in Scotland in 2012, 37% felt Gaelic to be one of the two most important languages.

Bha 70% den luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir eachdraidh is dualchas cultarail na Gàidhlig a bhith air a theagasg anns na sgoiltean, àrdachadh bho 2012.

70% agreed that Gaelic history and cultural heritage should be taught in schools, an increase from 2012.

Bha 37% den luchd-fhreagairt airson gum biodh bun-sgoiltean ann a tha a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.

37% of respondents were in favour of having primary schools teaching only through the medium of Gaelic.

Bha 75% airson Gàidhlig a bhith air a teagasg air feadh na h-Alba, seach anns na h-àiteachan far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu farsaing a-mhàin.

75% were in favour of Gaelic being taught across Scotland, rather than only in places where Gaelic is widely spoken.

Thairis air na deich bliadhnaichean a dh'fhalbh tha fàs air a bhith ann sa chuibhreann de dhaoine a tha a' coimhead air a' Ghàidhlig mar rud cudromach dhan dualchas chultarail aca fhèin, agus tha àrdachadh air a bhith ann an taic ri cosg airgead poblach air a' Ghàidhlig cuideachd.

Over the last ten years there has been an increase in the proportion of people who view Gaelic as important to their own cultural heritage, and also an increase in support for public spending on Gaelic.

Cho-dhùin iad leis an aithris gu bheil beachdan a' phobaill air tighinn air adhart, no air fuireach seasmhach thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh agus chomharraich iad cuid de na factaran co-cheangailte ri deagh bheachdan a' toirt a-steach aois, eòlas agus follaiseachd.

They concluded with the statement that public attitudes have improved or remained stable over the last decade and identified some factors associated with positive attitudes including age, knowledge and exposure.

Thug Buill taing do ScotCen airson an cuid obrach agus chuir iad an cèill cho mòr 's a chòrd an taisbeanadh riutha. Chaidh an aithisg foillseachadh air 29mh Ògmhios 2022.

Members thanked ScotCen for their work and expressed how much they enjoyed the presentation. The report was to be published on 29th June 2022.

Ceann-là na coinneimh	23/06/2022
Dearbhte le Sgioba Stiùiridh	22/07/2022
Air adhart gu Cathraiche airson dearbhadh/atharrachadh	22/07/2022
Dearbhte le Cathraiche	22/07/2022
Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh	29/07/2022
Dearbhte le Buill a' Bhùird	05/08/2022
Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET	05/08/2022